

Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

Feumaidh sinn feitheamh gu tràth an ath-bhliadhna airson faighinn a-mach gu h-oifigeil cia mheud duine aig a bheil Gàidhlig ann an Alba. Ach, a rèir fiosrachadh a thàinig a-mach am-bhliadhna os ìosal, tha còrr is seasgad mìle (60,000) ann. Chì sinn.

Bha seasgad 's a còig mìle (65,000) ann anns a' chunntas-sluaign mu dheireadh ann an naoi-deug, naochad 's a h-aon (1991), agus bha dùil gun tuiteadh an àireamh deich mìle no barrachd anns an deichead as dèidh sin. 'S ann mar sin a bha e co-dhiù thairis air bliadhnaichean an fhicheadamh linn.

Ach bha aon deichead ann nuair a bha an call fada na bu mhò nan àbhaist. Thachair sin eadar naoi-deug 's a h-aon-deug (1911) agus naoi-deug, fichead 's a h-aon (1921). Thuit an àireamh bho cheud, ochdad 's a ceithir mìle (184,000) gu ceud, ceathrad 's a naoi mile (149,000) – call mòr de thrithread 's a còig mìle (35,000). Agus bidh fios agaibh dè dh'adhbharaich e – an Cogadh Mòr.

Uill, 's dòcha nach e sin an aon adhbhar, oir bha an stàite air a bhith a' dèanamh droch làimhseachadh air a' Ghàidhlig ann an foghlam as dèidh stèidheachadh Achd an Fhoghlaim ann an ochd-deug, seachdad 's a dhà (1872). Thug sin droch bhuaidh air a' chànan, gu h-àraidh air tìr-mòr.

Ach 's e an cogadh as mò a dh'adhbharaich an call. Bha mo sheanair à Eilean Leòdhais agus chaill esan triùir bhràithrean anns a' chogadh. Bha an suidheachadh sin cumanta anns na coimhearsnachdan aig cridhe a' chànan. Ann an Leòdhas, chaidh sia mìle is seachd ceud (6,700) duine a-steach do na feachdan cogaidh. B' e sin fichead 's a trì às a' cheud (23%) de shluagh an eilein; faisg air aonan às gach ceathrar.

A-mach às an fheadhainn sin, chaill mìle, ceud, caogad 's a h-aon (1,151) dhiubh am beatha anns a' chogadh, seachd-deug às a' cheud (17%) dhen fheadhainn a chaidh a-steach do na feachdan. Agus a bharrachd air sin, chaidh còrr is dà cheud saighdear Leòdhasach a bhàthadh aig deireadh a' chogaidh nuair a chaidh an soitheach a bha gan toirt dhachaigh, an *Iolaire*, fodha taobh a-muigh Steòrnabhaigh. Bha sin air Là na Blìadh'n' Ùire, naoi-deug is naoi-deug (1919). Bidh sinn an dòchas, airson iomadach adhbhar, nach fhaicear a leithid de chall a-chaoindh tuilleadh.

Aon turas, ge-tà, chan e call a bh' ann eadar an dàrna cunntas-sluaign agus an ath-fhear, ach àrdachadh. Thachair sin nuair a chaidh a' cheist atharrachadh. Anns a' chiad chunntas anns an robh ceist mun Ghàidhlig ann, ann an ochd-deug, ochdad 's a h-aon (1881), chaidh fhaighneachd dhen t-sluagh am biodh iad ga bruidhinn gu cunbalach.

Uill, cha robh fios aig cuid dè cho tric 's a dh'fheumadh iad a bruidhinn airson comharra a chur anns a' bhocsa sin, agus bha mòran ann, aig an robh Gàidhlig, a chuir fiosrachadh ceàrr air na bileagan aca. Mar sin, chaidh a' cheist atharrachadh deich bliadhna as dèidh sin gu "a bheil Gàidhlig agaibh?" agus chaidh am figear suas fichead 's a trì mìle (23,000) gu còrr is dà cheud, caogad 's a ceithir mìle (254,000).

An-uiridh, chaidh a' cheist atharrachadh a-rithist, gus clann fo aois trì bliadhna a thoirt a-steach, agus feadhainn a tha a' tuigsinn na Gàidhlig, ged nach bruidhinn iad i. Air sàilleamh sin, tha mi an dòchas nach bi an àireamh cho ìosal 's a bha feadhainn a' cumail a-mach. Agus tha daoine mar sibh fhèin – an luchd-ionnsachaidh – a' cur ris an àireamh sin gu mòr cuideachd.

'S i a' cheist a tha nam cheann – cuin' a chì sinn àrdachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig? Bidh greis ann fhathast, tha eagal orm, ach, le deòin agus spionnadhl agus oidhirp, gabhaidh e dèanamh.

* * *

Faclan na seachdaine: deichead: *decade*; an Cogadh Mòr: *the Great War (1914-1918)*; Achd an Fhoghlaim: *the Education Act*; call: *loss*; feachdan cogaidh: *the armed services*.

Abairtean na seachdaine: feumaidh sinn feitheamh gu tràth an ath-bhliadhna: *we must wait until early next year*; anns a' chunntas-sluaign mu dheireadh: *in the last census*; bha dùil gun tuiteadh an àireamh: *it was expected the number would fall*; bidh fios agaibh dè dh'adhbharaich e: *you will know what caused it*; bha an stàite air a bhith a' dèanamh droch làimhseachadh air a' Ghàidhlig: *the state had been treating Gaelic badly*; thug sin droch bhuaidh air a' chànan: *that had a bad effect on the language*; chaill esan triùir bhraithrean anns a' chogadh: *he lost three brothers in the war*; faisg air aonan às gach ceathrar: *nearly one person in every four*; nuair a chaidh an soitheach fodha: *when the vessel went down*; nach fhaicear a leithid de chall a-chaoïdh tuilleadh: *that a loss of the like will never be seen again*; nuair a chaidh a' cheist atharrachadh: *when the question was changed*; am biodh iad ga bruidhinn gu cunbalach: *did they (would they) speak it (fem.) habitually*; dè cho tric 's a dh'fheumadh iad a bruidhinn: *how often they would need to speak it (fem.)*; airson comharra a chur anns a' bhocsa sin: *to put a tick (mark) in that box*; gus clann fo aois trì bliadhna a thoirt a-steach: *to include children under 3 years of age*; cuin' a chì sinn àrdachadh?: *when will we see an increase?*; le deòin, spionnadhl agus oidhirp, gabhaidh e dèanamh: *with purpose, vigour and effort, it can be done*.

Puing-ghràmair na seachdaine: *The Litir this week is full of numbers and I hope you can cope with them. They are all in the modern decimal counting system which is slowly catching on in the community, and which is now taught in schools. I would, however, like to make a point as to how best to deal with percentages in Gaelic. The English per cent/percentage derives from the medieval Latin per centum ("out of a hundred") and, while Gaels will also use and understand "per cent" when talking Gaelic, they commonly use the Gaelic equivalent of the Latin, às a' chèud, literally "out of a hundred" eg còig às a' chèud (5%), deich às a' cheud (10%), ceathrad 's a trì às a' cheud (43%). But be aware of other ways of dealing with figures, particularly as many fluent speakers will not be familiar with the Gaelic decimals. Simplify numbers if possible, eg for 60% you might say sia às gach deich, and for 80% ceithir às gach còig. If you are dealing with percentages of people, you might use the special numerical nouns for people eg dithis às gach còignear (2 out of 5 or 40%), triùir às gach ceathrar (3 out of 4 or 75%).*

Gnàths-cainnt na seachdaine: a rèir fiosrachadh a thàinig a-mach os ìosal: *according to information that came out covertly, secretly, ie that was leaked.*

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaидh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig